

Mìorbhailean Ìosa



Sgrìobhte le Edward Hughes
Dealbhan le Byron Unger; Lazarus
Alastair Paterson

Air eadar-theangachadh le
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill
Eadar-theangaichte le E. Frischbutter; Sarah S.

Sgeulachd 40 a-mach a 60

M1914.org

Bible for Children, PO Box 3, Winnipeg MB R3C 2G1 Canada

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

19

20

21

22

23

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air
rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can
Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh.

Tha gaol Dhè oirnn cho mòr gun do chuir e an t-aon Mhac
a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, a phàigheadh airson
nam peacaidhean againn. Thàinig Ìosa beò a-rithist agus
chaidh E air ais a Nèamh! A-nis, nì Dia maitheadh
dhuinn airson ar peacaidhean.

Ma tha thu airson tionndadh air falbh bho na peacaidhean
agad, can seo ri Dia: A Dhè, tha mi a' creidsinn gun do bhàsaich
Ìosa air mo sgàth agus gu bheil E beò a-rithist. Thig nam
bheatha agus dèan mathadh air mo pheacaidhean gus am faigh
mi beatha ùr an-dràsta, agus gun tèid mi, aon latha, a
dh'fhuireach còmhla Riutsa gu siorraidh. Cuidich mi a bhith
Gad leantainn mar Do leanabh. Amen. Eòin 3:16

Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha!


Gàidhlig

Gaelic

Rinn Ìosa iomadh mìorbhail. Bha mìorbhailean
a' sealltainn gur e Mac Dhè a bh' ann an Ìosa.
Thachair a' chiad mìorbhail aig banais. Bha
duilgheadas aca. Cha robh fion gu leòr ann
airson a h-uile duine.




Dh'innis Moire, màthair Ìosa, Dha mun duilgheadas,
agus an uair sin thuirte i ris na searbhantan dèanamh
rud sam bith a bha Ìosa ag iarraidh.



1

2

"Lìon na poitean sin le uisge," thuirt Ìosa. "Uisge?" ars iadsan. Seadh, 's e uisge a dh'arr Ìosa.



3

An uair sin, thuirt Ìosa ri searbhanta deoch a dhòirteadh bho aon phoit mhòr agus leigeil leis an fhear a bha an ceann na bainnse fheuchainn. Bha an t-uisge air tionndadh gu fìon! Fìon math! Am fìon as fheàrr!



4

Bha iongnadh air na searbhantan. Bha Ìosa air uisge a thionndadh gu fìon. Cha b' urrainn ach Dia fhèin mìorbhailean a dhèanamh.




5

Rinn Ìosa mìorbhailean eile. Aon fheasgar, chaidh E fhèin agus A dheisciobail gu taigh Pheadair. Bha màthair-chèile Pheadair glè thinn le fiabhras.



6

Chuir Ìosa làmh air làmh a' bhoireannaich thinn. Ann am mionaid bha i gu math a-rithist. Dh'èirich i a fhrithealadh air Ìosa agus A dheisciobail.



7

Bha e mar gu robh am baile gu lèir air cruinneachadh aig an doras an oidhche sin. Thàinig daoine tinn - dall, bodhar, balbh, crioplaich. Thàinig fiù daoine le deamhain annta a dh'fhaicinn Ìosa. Am b' urrainn Dha cuideachadh na bha seo?




8

B' urrainn do Ìosa, mac Dhè, cuideachadh. Agus sin a rinn E. Chaidh a h-uile duine a thàinig Thuige a shlànachadh. Bha daoine a bha air dà bhata fad am beatha a' ruith agus a' leum a-nis.



9

Agus thàinig feadhainn eile a bha air am milleadh leis an luibhre.



10

Dh'fhàs iad slàn agus glan a-rithist nuair a shlànaich Ìosa iad.




11

Thàinig fir agus boireannaich a bha air an sàrachadh le deamhain agus sheas iad air A bheulaibh. Thuirt E ris na deamhain falbh. Rinn na deamhain mar a thuirt E agus dh'fhàs daoine air an robh bròn agus eagal, ciùin agus toilichte.




12

Aig cùl an t-sluaigh, bha ceathrar dhaoine a' feuchainn ri an caraid fhaighinn faisg air Ìosa ach cha b' urrainn dhaibh. Dè a ghabhadh dèanamh?



13

Thog an ceathrar charaidean dìleas an duine tinn an-àirde air mullach an taighe, thug iad am mullach às a chèile agus leig iad an duine tinn sìos gu làr. Bha e nis faisg air Ìosa.



14

Chunnaic Ìosa gu robh creideamh làidir aig a' cheathrar charaidean. Thuirt E ris an duine tinn, "Tha do pheacaidhean air am maitheadh dhut. Èirich agus tog do leabaidh." Sheas an duine, a bha a-nis làidir, fallain. Bha Ìosa air a shlànachadh.



15

Goirid às dèidh seo, bha Ìosa ann am bàta còmhla ri A dheisciobail. Dh'èirich stòirm eagallach. Bha Ìosa na chadal. Bha eagal mòr air na deisciobail agus dhùisg iad E. "A Thighearna, sàbhail sinn. Tha sinn a' bàsachadh!"



16

"Bi ciùin," thuirt Ìosa ris na tuinn. Anns a' bhad, bha a' mhuir ciùin. "Dè seòrsa duine a tha seo?" dh'fhaighnich A dheisciobail. Tha fiù a' ghaoth agus a' mhuir a' dèanamh na tha e ag iarraidh. Bha iad a' creidsinn gur e Ìosa mac Dhè oir bha A mìorbhailean a' sealltainn A ghlòir. Cha robh fhios aig na deisciobail aig an àm,



17

ach an ceann sreath chitheadh iad mìorbhailean fiù nas motha na sin agus E ag obair ann an seirbheis Dhè am measg dhaoine.

Mìorbhailean Ìosa
Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bioball, ri
Mata 8-9, Marcus 1-2, Marcus 4,
Lùcas 4, Lùcas 8, Eòin 2

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

18